

# DEISEIL AIRSON CHÙISEAN ÈGINN?

Fàilligeadh ghoireasan

## Fiosrachadh do thidsearan

### Ro-ràdh

Tha an dùbhlán neach-ionnsachaidh seo air a sholarachadh le Foghlam Alba mar thaic do theagasg Foghlam Èiginn is fulangais. Tha e a' dùbhlànachadh luchd-ionnsachaidh gu mu àite nam meadhanan ann an ullachadh airson chùisean-èiginn, a' cleachdadh nan stòrasan air an liosta mar phuing tòiseachaidh don rannsachadh aca fhèin.

Tha an duilleag 'Fiosrachadh do luchd-ionnsachaidh' an lùib seo a' toirt fiosrachadh mun dùbhlán, a' mìneachadh nan gnìomhan, a' toirt eisimpleirean de stòrasan feumail agus a' tabhann cheistean do luchd-ionnsachaidh meòrachadh orra.

### Eòlasan agus Builean

- Tha mi ag ionnsachadh cunnart a mheasadh agus a làimhseachadh, mi fhìn agus càch a dhìon, agus an comas air cron a lùghdachadh nuair a ghabhas sin a dhèanamh. **HWB 1-16a - 4-16a**
- Tha fios agam agus is urrainn dhomh a thaisbeanadh mar a chumas mi mi fhìn agus càch sàbhailte agus mar a fhreagras mi ann an raon de shuidheachaidhean èiginn. **HWB 1-17a - 4-17a**
- Mar a bhios mi ag èisteachd agus a' coimhead, is urrainn dhomh notaichean a ghabhail, iad sin eagrachadh fo chinn fhreagarrach agus an cleachdadh gus beachd-smuaintean is fiosrachadh a thuigsinn agus teacsaichean ùra a chruthachadh, a' cleachdadh m' fhacail fhìn mar as iomchaidh. **LIT 2-05a**
- Mar a bhios mi ag èisteachd agus a' coimhead, is urrainn dhomh notaichean a ghabhail, agus iad sin eagrachadh gus smaoineachadh a leasachadh, cuideachadh le fiosrachadh a chumail agus ath-ghairm, cùisean a rannsachadh agus teacsaichean ùra a chruthachadh, a' cleachdadh m' fhacail fhìn mar as iomchaidh. **LIT 3-05a – 3-05b**

## Na meadhanan agus sàbhailteachd phoblach – Dùbhlán neach-ionnsachaidh

### Ga thoirt nas fhaide

Tha àireamh de dhòighean a dh'fhaodas an gnìomh seo adhartachadh no a cheangal ri gnìomhan Deiseil airson Chùisean Èiginn cudromach eile. Dh'fhaodadh na gnìomhan sin a bhith a' gabhail a-steach:

- Toirt nan teachdaireachdan bho shanas 1987 agus a' cruthachadh tionndadh nuadh-aimsireil dheth.
- Cruthachadh shanasan sàbhailteachd phoblach eile airson gnìomhan Deiseil airson Chùisean Èiginn eile leithid pioban reòhte no side geamhraidh.

# DEISEIL AIRSON CHÙISEAN ÈIGINN?

Fàilligeadh ghoireasan

## Fiosrachadh do luchd-ionnsachaidh

### Fiosrachadh mun dùbhlán

Faodaidh na meadhanan pàirt chudromach a choileanadh ann an ullachadh dhaoine agus choimhearsnachdan airson chùisean èiginn a tha comasach. Ach tha sanasachd air atharrachadh gu tur thar 20 bliadhna no mar sin.

Sa ghniomh seo cuiridh tu seachad ùine a' coimhead cuid de shanasan Gas Bhreatainn bho na 1980an agus cuid de shanasan a tha cumanta air an telebhisean san latha an-diugh. A thuilleadh air na droch bhearraidhean-gruaige, tha nithean eile ann a tha air atharrachadh ann an sanasachadh gas thar nam bliadhnaichean.

Is e d' obair-sa smaoineachadh mu dheidhinn carson a tha companaidhean air na prìomh theachdaireachdan aca atharrachadh rè ùine agus mar a dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt air ìrean reic seach sàbhailteachd.

### Gnìomhan

Coimhead an dà shanas Gas Bhreatainn bho 1987 agus 2012 (faic 'Stòrasan'). Dèan coimeas agus deasbad air na tha thu a' faicinn.

Ciamar a tha na prìomh theachdaireachdan air atharrachadh bho 1987 agus a bheil companaidhean gas air gluasad bho adhartachadh sàbhailteachd gu adhartachadh èifeachdas?

Carson a tha seo nad bheachd-sa?

## Na meadhanan agus sàbhailteachd phoblach – Dùbhlán neach-ionnsachaidh

### Stòrasan

#### Sanas Ùr Gas Bhreatainn –

[http://www.youtube.com/watch?v=4jT04CL28FQ&list=PL00CDAA0278BAEED&index=1&feature=plpp\\_video](http://www.youtube.com/watch?v=4jT04CL28FQ&list=PL00CDAA0278BAEED&index=1&feature=plpp_video)

Seann sanas Gas Bhreatainn - <https://www.youtube.com/watch?v=Y9NzaHqKWwA>

### Ceistean meòrachail

- Ciamar a dh'fhaodadh aoidion mòr gas buaidh a thoirt air do bheatha agus beatha chàich san dachaigh no sa choimhearsnachd?
- Dè a' bhuidh / uallach a tha air na meadhanan ann an dèanamh cinnteach gu bheil coimhearsnachdan deiseil airson chùisean èiginn leithid fàilligeadh ghoireasan?
- Dè an dleastanas a th' air companaidhean poblach is prìobhaideach ann a bhith cinnteach à sàbhailteachd phoblach agus adhartachadh air prìomh theachdaireachdan?